

991 Jolo - Admuro

1968

check notes

1.

check re notes


A NIONAG A GHRAIDH

Am fonn le Alasdair MacCoinnich.
Gleus F.

Na facail le Murchadh MacIlleMhoire.




1. : d' | l : - .s: m | r . d: - : r | m: - : d | l, . s: - : l, | d :-- | --
A nìo - nag a ghràidh, 's tu dh'fhàg an dochair nam cheann



: s, | l, :--r: m | s :--m: s | l . l:--: d' | t :-- .l: s | l :--: | --
Air feasgar Di-Cia-dain nam shuidhe 's mi riasladh ri rann;



: s | l : - .s: l | d:--.l:s | m:--r: d | d :--r: m | s, :--: | --
Gum b' fheàrr a bhith sìnte gu socair 's gu sìobhalt sa ghleann,



: l, | d : l, s, | l, : d : r | m . s: - : m | r :--d: r | d :--: | --
A' cadal le chèile fo dhuilleach nan geugan ud thall.

Rhythms should be changed in other verses as required by differing lengths of vowels.

end .

2. 'S ann dhut-sa, mo leannan, thug mise mo chridhe 's mo chiall,
mo dhùsgadh, mo chadal, mo reult, mo ghealach 's mo ghrian;
'S tu m' oidhche, mo mhadainn, mo bhùrn, is m' anail 's mo bhiadh,
'n'am èirigh is laighe 's tu fhèin an t-aingeal gam dhìon.
3. An saoghal ged 's farsaing gum b' fheàrr a bhith tathaich sa ghleann
ri taobh na h-òg-chailin air thalamh is maisiche leam;
Bidh 'rìomhachd, a h-àilleachd 's a grinneas gu bràth na mo cheann
's an lùchairt mo chridhe bidh àite, mo nighean, dhut ann.
4. Thig fois air an talamh, thig tosd air anail a' chuain,
air tonnan a' chladaich thig tàmh is cadal car uair,
Èoin bheaga na doire nì fàsadh sona fon bhruaich
ach mò ghaol-sa dom leannan rim bheò chan aithnich e suain.

1983 - Goidh Mhàl